



Fèis Dhùn Èideann 2016

Diluain 15 & Dimàirt 16 Gearran

2 latha spòrsail làn ciùil, seinn agus danrsa



Bun-Sgoil Taobh na Pàirce
139 Rathad Bonnington, EH6 5NQ Dùn Èideann

Fiosrachadh agus Foirm-clàraidh
Feumar foirmean a bhith a-staigh ro 31 Faoilleach 2016

Fios gu: Gillian MacDonald f: 07514386925 p-d: feisdhuneideann@feisean.org



An Fhèis Mhòr

'S e tachartas 2 latha làn spòrs a th' anns an Fhèis Mhòir, do Chlas 3 shuas agus air a cumail tro shaorlàithean a' Ghearrain. Faodaidh luchd-compàirt 3 diofar gnìomhachdan a thaghadh bho roghainn fharsaing leithid **Fidheall, Giotàr, Bogsa, Feadan/Piobaireachd, Fideag, Clàrsach, Drumaireachd, Obair-còmhlain, Seinn, Dannsa cheum, Ealain agus Iomain**. Tha cuideachd cothrom ann dhaibhsan aig nach eil Gàidhlig beagan dhen chànan ionnsachadh tro gheamaichean agus spòrs. Bidh cuideachd geamaichean is dràma ann dhaibhsan a tha fileanta sa chànan. Bidh luchd-compàirt a' cur seachad 2 uair a thìde gach latha air a' chiad roghainn aca agus 1 uair a thìde an urra air an dàrna agus an treas roghainn. Tha an clàr-ama mar a leanas:

Uair	Gnìomhachd
9m	A' ruighinn/clàradh
9m – 9.30m	Cuirm an Luchd-teagaisg. Cluinn nas urrainn dhan luchd-teagaisg a dhèanamh!
9.30m – 10.30m	roghainn 1
10.30m – 11m	Tràth saor
11m – meadhan-latha	roghainn 2
Meadhan-latha – 1f	Cleasan Gàidhlig
1f – 1.45f	Lòn
1.45f – 2.45f	roghainn 3
2.45f – 3f	Tràth saor
3f – 4f	roghainn 1

Tha sgioba thàlantach de luchd-teagaisg againn mar as àbhaist le eòlas air teagasg agus air a bhith a' brosnachadh luchd-compàirt! Bu chòir do luchd-compàirt biadh a thoirt leotha gach latha, agus bu chòir dhaibhsan a tha a' dèanamh ealain seann lèine a thoirt leotha airson aodach a dhìon.

Cleas is Ceòl

'S ann do chlann ann an clasaichean 1 agus 2 a tha Cleas is Ceòl. Bidh a' chlann a' tighinn airson leth latha eadar 1.45f – 4f agus gheibh iad cothrom clàrsach, seinn, dannsa cheum agus drumaireachd fheuchainn agus geamannan a chluich.

Ceilidh Teaghlaich – Disathairne 13 Gearran

Thig còmhla rinn bho 6.30f – 8.30f Oidhche Shathairne a dhannsa ri còmhlan dhen luchd-teagaisg thàlantach againn. 'S e cothrom mìorbhaileach a th' anns a' Chèilidh eòlas a chur air teaghlaichean eile, beagan dannsa a dhèanamh agus glainne fion no dhà a ghabhail. Bidh com-pàirtichean agus na teaghlaichean aca bho bhùth-obrach Dhisathairne airson deugairean a' tighinn dhan a' Chèilidh 's tha sinn an dòchas gun cluich cuid de na daoine òga seo mar phàirt den tachartas.

Pris

Tha an Fhèis Mhòr a' cosg £40 an urra, no £35 dhaibhsan a thàinig gu clasaichean Shathairne aig an Fhèis. Tha Cleas is Ceòl a' cosg £20, no £15 dhaibhsan a thàinig gu clasaichean Shathairne.

Ionnstramaidean

Tha grunnan bhogsaichean, feadain, fìdhlean agus giotàran againn rim faighinn aig an Fhèis Mhòir. Ma tha feum air ionnstramaid, lìon a-mach am foirm air t.d. 3. 'S ann a rèir òrdugh iarrais a gheibhear iad. Bidh fideagan rin ceannach.

Feumalachdan sònraichte

Tha Fèis Dhùn Èideann a' cur fàilte air luchd compàirt le feumalachdan sònraichte. Leig fios thugainn ma tha cuideachadh a bharrachd a dhìth.

Foirm-clàraidh

Ainm	
Bliadhna sgoile	
Pàrant / Neach-cùraim	
Seòladh	
Còd puist	
Fòn	
Post-d	
Ann an èiginn, fios gu (ainm & fòn)	
Duilgheadasan Slàinte	
Ainm/Fòn Dotair	
A bheil Gàidhlig aig a' phàiste?	Tha / Chan eil
Am bi e/i a' frithealadh chlasaichean Disathairne?	Bidh / Cha bhi
Tha mi / chan eil mi a' toirt cead do dh'Fhèis Dhùn Èideann dealbhan a thogail den phàist agam a ghabhas cleachdadh air làrach-lìn Fèis Dhùn Èideann no ann an stuthan margaidheachd eile (dubh às)	
Ainm sgrìobhte Pàrant/Neach-cùraim:	
Ciamar a chuala tu mun Fhèis?	

Ionnstramaidean air màl:

Lìon a-mach am foirm gu h-ìosal ma tha ionnstramaid a dhìth ort:

	✓		✓		✓		✓		✓
Bocsa		Feadan		Clàrsach		Fidheall		Giotàr	

Roghainnean Ghnìomhachd

Lìon a-mach am foirm roghainn gnìomhachd air t.d. 4 – tagh 3 gnìomhachdan eadar-dhealaichte. Comharraich, cuideachd, dè an ìre, far nach eil ìre comharraichte. Ged nithear gach oidhirp clasaichean freagarrach air gach ìre a chruthachadh, cha ghabh sin an còmhnaidh a dhèanamh. **Thoiribh an aire – chan eil 'fior luchd-tòisichidh' ri fhaotainn mar a' chiad roghainn.**

Foirm roghainnean

Ìre

Tagh na gnìomhachdan agad, agus comharraich dè 'n ìre a tha freagarrach, mar a leanas:

Aig toiseach tòiseachaidh – beagan eòlais, no gun eòlas sam bith

Ìre tòiseachaidh – nas lugha na 1 bliadhna

Eadar-mheadhanach – 2-3 bliadhna

Adhartach – còrr is 4 bliadhna

Ionnstramaid/ Gnìomhachd	Ìre	Roghainn v		
		1	2	3
Bocsa				
Feadan				
Clàrsach				
Fidheall				
Seinn	Fileanta sa Ghàidhlig			
	Gun chomas sa Ghàidhlig			
Giotàr				
Drumaireachd	Gun ìrean			
Dannsa-Ceum	Gun ìrean	X		X
Fideag		X		X
Ealain is Ceàirdean	Gun ìrean			
Camanachd	Gun ìrean	X		
Obair-còmhlain	Eadar-mheadhanach /Adhartach	X		X
	Innis dhuinn dè bhios tu a' cluich:	X		X

Gnìomhachd	Ìre	v
Cleas is Ceol	Gun ìrean	

Pàigheadh:

Cuir am foirm agus seic/airgead gu:

Gillian MacDonald, Flat 4, 61 Brunswick Street, Dùn Èideann EH7 5HT

Gheibhear an cois seo seic air a sgrìobhadh do **Fèis Dhùn Èideann** / airgead £

Ainm sgrìobhtePàrant/neach-cùraim